

Am Faoilteach 1984

Dh'fhalbh an geamhradh neo-aigheil,
Dh'fhalbh am faoilteach 's an dùbhlachd,
Dh'fhalbh aimsir na dochair
A thug iomadh leòn air an dùthaich;
Thàinig sì th agus sì ochaint
Mar thoirbheart tiodhlaic an ungaidh
A chuireas bruansgath nan sì ontan
Le am farpais fhiadhaich air chùlaibh.

Thàinig sì th agus saorsainn
'S thill aoibh agus sòlas,
Shearg connspaid na truaighe
Nuair dh'fhalbh am fuachd 's a' ghaoth-reòdhta;
Thàinig teachdair' an t-sùgraidh
A chuireas sunnd sean is òg oirnn,
'S théid air dì ochuimhn' gach bruailean
'S bidh 'n cadal luasgain nas stòlda.

Thig bàidh agus coibhneas
'S thig aoibhneas gu'r n-ionnsaigh,
Thig deàradh na gréine
Thar sléibh-tean is stùcan;
Bidh ealtainn na h-iarmailt
A' seinn le ciatachd a' chiùil dhuinn,
A' toirt moladh don Àrdrigh
A thug iad sàbhailt' troimh dhùbhlan.

Bidh cuimhn' air an fhaoilteach
'S air a' ghaoid rinn e fhàgail
Fads bhios fairge nam brùchd-thonn
Tighinn gu tìurra na tràghad;
Bidh eachdraidh na deuchainn
Ann am briathran 'na athailt
Mu thoiseach na bliadhn' ud
A leum thar crì ochan na h-àbhaist.